



Teisteanais
Nàiseanta
2016

X732/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

9:00 M – 10:30 M

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Gàidhlig
Practical Criticism

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 1 *

Comharran gu lèir – 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

Galar Eagalach

Tha mi air a bhith cola-deug sa bhaile mhòr agus feumaidh mi a ràdh gur e na tha daoine ag ithe aon rud a chuir iongnadh orm. Chan ann air “biadh luath” a tha mi a-mach ach dìreach air na buairidhean a tha mu choinneimh dhaoine fad na h-ùine stad aig cafaidh a latha ’s a dh’oidhche. Tha fhios ’am glè mhath nach eil mòran rudan cho taitneach le suidhe sìos agus cupa cofaidh a

5 ghabhail le cèic milis, ach ’s e na luchdan a bha daoine (anns a’ chumantas) ag ithe a chuir uabhas orm. Agus, tapaidh agus gu bheil mi fhìn, chan e an fheadhainn a b’ fheumaile a bha gan gabhail, ach an fheadhainn a dhèanadh an gnothach air deagh thrasgadh.

Tha an galar eagalach seo cho aithnichte a-nis am measg an t-sluaigh. Tha àireamhan oifigeil Riaghaltas na h-Alba ag innse gu bheil còrr is cairteal den t-sluaigh ro reamhar agus gu bheil 62%

10 den t-sluaigh a’ giùlan cus cuideim. Tha sinn ag ithe cus. Oir aig deireadh an latha ’s e sin, agus sin a-mhàin, a tha gad fhàgail reamhar: gu bheil thu a’ toirt a-steach barrachd chalaraidhean na tha thu a’ cosg. Agus chan e am biadh a-mhàin as coireach, ach na rudan a tha sinn ag òl. Tha e a cheart cho math dhut punnd siùcair ithe bhon spàin na crogan còc òl.

Tha na companaidhean mòra a tha a’ reic biadh is dheochan air an dòigh glan fhad ’s a tha an saoghal a’ fàs reamhar: nach eil gach cnogan còc agus gach cupa cappuccino làn uachdair a’ ciallachadh tuilleadh prothaid dhaibh? Tha miann an t-siùcair annainn, agus — coltach le gach neach-dèiligidh dhrogaichean — sàsaichidh na daoine sin ar miannan airson airgead.

15

Nach eil an t-àm ann — mar a rinn sinn le toitean — casg a chur air a seo? Seasamh suas gu na companaidhean eadar-naiseanta a tha a’ reic biadh agus deoch agus laghan teann a chruthachadh a bhiodh gam peanasachadh gu cruaidh nan rachadh iad thairis air àireamh (iseal) de chalaraidhean anns na deochan ’s am biadh a tha iad a’ reic. Mas urrainn dhuinn sin a dhèanamh a thaobh toitean, carson nach urrainn a dhèanamh a thaobh a’ phuinnsein seo?

20

Sin aon taobh dhen cheist ach tha taobh eile ann cuideachd — agus sin an t-uallach a bu chòir dhuinn fhèin a ghabhail airson ar slàinte. Tha pàirt dheth co-cheangailte ri foghlam. Gum feum sinn dòighean a chruthachadh feuch an ionnsaich clann (agus inbhich) an diofar eadar brochan agus gràn neo-fhallain, no eadar glainne uisge agus glainne làn siùcair.

25

Nuair a bha mi a’ coiseachd seachad air gach cafaidh agus taigh-bidhe agus iad uile loma-làn, smaoinich mi cho math ’s a bhiodh e do dhaoine spaid neo trèisgeir a stobadh nan làmhnan agus iarraidh orra a dhol a-mach a dhèanamh latha-obrach anns a’ pholl-mhònadh neo anns a’ ghàrradh! Nan dèanadh cha bhiodh iad buileach cho reamhar! Bha iomadach rud ceàrr air na seann làithean, ach nuair a dh’fheumadh daoine a bhith ag obair a-muigh o mhoch gu dubh, cha robh daoine cho reamhar!

30

Aonghas Pàdraig Caimbeul, *Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich*, atharraichte

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. Inns, nad fhaclan fhèin, dè na rudan a chuir dragh air an sgrìobhadair nuair a bha e anns a' bhaile mhòr. 3
2. Dè as coireach, a rèir an sgrìobhadair, gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba ro reamhar no a' giùlan cus cuideim? 2
3. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a tha an sgrìobhadair a' dèanamh coimeas eadar companaidhean mòra bìdh 's dìbhe agus luchd-dèiligidh dhrogaichean. 2
4. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a tha an sgrìobhadair a' toirt iomradh air toitean anns an artaigil seo. 2
5. A bharrachd air laghannan ùra, inns nad fhaclan fhèin mu aon mholadh a tha aig an sgrìobhadair gus dèiligeadh ris a' ghnothach seo. 1
6. Nad bheachdsa, seall dè cho cothromach 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' beachdachadh air a' chuspair seo. Cleachd fianais às an artaigil nad fhreagairt. 2
7. Nad bheachdsa, seall mar a tha stoidhle an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a' cur a' ghnothaich seo mu choinneamh an leughadair. Cleachd fianais às an artaigil nad fhreagairt. 3

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

Turas gu Sòdhaigh*

Tha an dachaigh na tobhta, an teaghlach air fhuadach;
deanntagan is cnàmhan caorach nan àit’.

A’ cur na gaoith’ gu aon taobh, gabhaidh sinn ceum a-steach
a dh’ionaltradh air cuimhneachain am beatha ann an Sòdhaigh.

5 Eadar dà chloich tha àrd-doras an impis tuiteam,
’s sinne, a’ dèanamh sgeidse air far an robh doras,
clachan an t-simileir nam bloighean air leac an teine.

Nar mac-meanmna lìonaidh facail an teaghlaich beàrnan, ag ath-thogail bhallachan,
is tughaidh iad am mullach fosgailte le an gàire
10 mar a bha e bho shean. Ach a-nis tha an t-eilean seo
a’ dol fodha ann an sgòthan, frasan, ann an tuil de
fhacail choimheach.

Stèidhichte air *Sòdhaigh* le Mark Goodwin

* eilean beag faisg air an Eilean Sgitheanach

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

- | | | |
|-----|--|---|
| 8. | Dè na faireachdainnean a tha am bàrd a' cruthachadh aig toiseach na bàrdachd? Mìnich do fhreagairt le fianais às an teacsa. (loidhnichean 1–3) | 2 |
| 9. | Carson a tha an luchd-tadhail air tighinn gu Eilean Shòdhaigh? (loidhnichean 3–4) | 1 |
| 10. | Ciamar a tha taghadh-facail ann an loidhnichean 5–7 a' nochdadh gun robh e doirbh dhan luchd-tadhail dealbh a dhèanamh nan inntinn dhen t-seann dachaigh? | 2 |
| 11. | Nad bheachdsa dè tha a' tachairt ann an loidhnichean 8–9? Mìnich do fhreagairt le bhith a' dèanamh iomradh air ìomhaigheachd agus taghadh-facail às na loidhnichean seo. | 3 |
| 12. | Inns mun structar sna trì loidhnichean mu dheireadh agus mìnich dè am feum a tha sin a' dèanamh dhan bhàrdachd. | 4 |
| 13. | Le bhith a' dèanamh iomradh air an dàn, mìnich teachdaireachd a' bhàird agus seall gu dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh rithe. | 3 |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ACKNOWLEDGEMENTS

Teacsa 1 – Neo-fhicsean: Rosg – Article is adapted from “Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich” by Aonghas Pàdraig Caimbeul, from *West Highland Free Press*. Reproduced by kind permission of West Highland Free Press.

Teacsa 2 – Ficsean: Bàrdachd – Extract, “Sodhaigh” by Mark O. Goodwin, is taken from *Thaobh a’bhealaich (2009)*. ISBN 1906120471, 9781906120474. Published by Two Ravens Press Ltd.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials reproduced in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact Janine.Anderson@sqa.org.uk.



Teisteanais
Nàiseanta
2016

X732/77/12

**Gàidhlig
Litreachas agus Sgrìobhadh**

Àrd-Ìre Adhartach

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

10:50 M – 12:20 F

Gàidhlig
Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 2 *

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. Tha cuid de bhàird ainmeil airson stoidhle shònraichte. Tagh dà phìos bàrdachd leis an aon bhàrd agus seall mar a tha i/e a' cleachdadh na stoidhle seo airson cuspair(ean) cudromach a chur fa chomhair an leughadair.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. Tha bàrd daonnan a' feuchainn ri sealladh pearsanta a thoirt dhuinn air cuspair àraidh, mar eisimpleir gaol no cogadh. Airson co-dhiù aon phìos bàrdachd a leugh thu, seall mar a bha am bàrd soirbheachail ann a bhith toirt tuigse as ùr dhut air a' chuspair.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. “S iad ceanglaichean eadar caractaran as cudromaiche ann an nobhail.”

Airson nobhail a leugh thu, seall gu mionaideach mar a chùm na dàimhean eadar na caractaran d' aire agus mar a thug iad tuigse nas fheàrr dhut air mac an duine.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: suidheachadh, cuspair, teachdaireachd, conaltradh, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. “Tha structar agus plota làidir air leth cudromach ann a bhith a' cur ri soirbheachas sgeulachd ghoirid.”

Tagh sgeulachd ghoirid agus seall dè cho fìor 's a tha an abairt seo dha taobh.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. Bidh cuid de chuspairean a' nochdadh gu math tric ann an litreachas na Gàidhlig. Tagh dà sgeulachd ghoirid a tha a' dèiligeadh ris an aon chuspair. Seall gu mionaideach mar a chaidh dèiligeadh ris a' chuspair, agus dèan coimeas eadar na stoidhlichean aca.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd. . .

20

Dràma

6. Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film anns a bheil caractar connspaideach. Seall gu mionaideach mar a chaidh diofar dhòighean èifeachdach a chleachdadh gus an caractar seo a chruthachadh agus an ìre dhan do rinn thu ceangal ris.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, cuspair, teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, àirde, labhairt, taghadh-facail . . . no mar a chaidh innleachdan-film/ na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaim, solais . . .)

20

Rosg – Neo-fhicsean

7. “Bidh rosg neo-fhicsean a’ leudachadh na tuigse a th’ againn air cuspair no suidheachadh sònraichte.”

Airson pìos neo-fhicsean, seall gu mionaideach mar a leudaich an sgrìobhadair do thuigse air a’ chuspair no air an t-suidheachadh sin.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: fiosrachadh, beachdan, sealladh, stoidhle, cànan, structar . . .

20

Diofar theacsaichean

8. Tagh dà sheòrsa teacsa (mar eisimpleir, sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) a thug ort a bhith a’ smaoinichadh mu dheidhinn gnothach sònraichte bho shealladh ùr. Dèan coimeas eadar stoidhle nan teacsaichean agus cho soirbheachail ’s a bha iad ann a bhith a’ toirt buaidh air do thuigse.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, caractar, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir: mac-meanmnail, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Coimhearsnachd
10. A' mhuir
11. Na can na faclan sin idir!
12. “Tha beatha bheathaichean a cheart cho cudromach ri beatha dhaoine.”
13. Aig deireadh an latha
14. Farmad
15. “Chan e cogadh am fuasgladh uair sam bith.”
16. Ceòl

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]